

## ROBBIE MACLEÒID – ÒRAN 7

### *Faileas - Shadow*

Thàinig i mach as na craobhan, òir na falt is òir na sùilean  
'S a' choille le solas an rè mu timcheall  
Gach gluasad a bh' agad tha aice, is do chainnt is do ghàire

Ach chan ann ach mar fhaileas ar làithean a th' innte  
Do thamhasg 's i nam inntinn

*Shiubhail thu bhuam is cha do thill thu, thàinig tè ùr nad àit'*  
*Mar fhaileas theich thu air falbh, 's chan fhaic mi thu gu bràth*

Dhanns i leis a' ghealaich tro làmhan na caorainnean  
Is chùm iad air adhart gun d' thàinig balt air an latha

Ach chan ann ach mar fhaileas ar làithean a th' innte  
Do thamhasg 's i nam inntinn

*Shiubhail thu bhuam is cha do thill thu, thàinig tè ùr nad àit'*  
*Mar fhaileas theich thu air falbh, 's chan fhaic mi thu gu bràth*

'S dòcha g' eil an aon aodann oirbh ach chan eil mo leannan-sa air mo bheulaibh  
'S dòcha g' eil an aon aodann oirbh ach chan eil mo leannan-sa air mo bheulaibh

*Shiubhail thu bhuam is cha do thill thu, thàinig tè ùr nad àit'*  
*Mar fhaileas theich thu air falbh, 's chan fhaic mi thu gu bràth*